

# MISE

... AGUS MO LAOICH  
TĀR-SGRÌOBHAIDHEAN

ÀS1:3



# MISE:S1:3

## TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

### 6. Curaidhean Spòrs td

#### Ùisdean MacIlinnein

Ged tha buntanas aige ri Eilean Sgarp anns na Hearadh, thogadh Ùisdean MacIlinnein ann an teaghlach Gàidhlig ann an Loch Abar far an deach e dhan àrd-sgoil. 'S ann an sin a dh'ionnsaich e mun spòrs a bhiodh cudromach dha fad a bheatha, iomain. Lean e air a' cluich nuair a chaidh e dhan Oilthigh, agus fhuaireann an cothrom a dhol air turas le sgioba Oilthigh Ghlaschu a dh'Èirinn, agus chluich e air Pàirc Ui Chròcaigh, a' phàirc-chluich mhòr ann am Baile Atha Cliath.

An dèidh ceumnachadh à Oilthigh Ghlaschu, chaidh e a theagasc Gàidhlig ann an Inbhir Nis mus deach e an uair sin a dh'obair chun a' BhBC aig BBC Radio nan Gàidheal. Chuir e seachad ùine ghoirid aig a' Phress and Journal mus deach e a-mach air a cheann fhèin, ag obair ann an diofar raointean de na meadhanan agus ann an saoghal na Gàidhlig.

Tha e air grunn dhuaisean a bhuanachadh mar sgrìobhaiche ann an saoghal naidheachdan is spòrs, agus tha e fior eòlach air saoghal na camanachd, 's e air grunn leabhairchean eile fhoillseachadh. Sgrìobh e cuideachd eachdraidh Rèis Bheinn Nibheis. Tha e air a bhith, aig diofar amannan, na Rùnaire air Comunn Gàidhlig Inbhir Nis agus Urras Brosnachaidh na Gàidhlig, na Stiùiriche agus na lar-Cheann-suidhe air Comann na Camanachd, agus na bhall de dh'Urras Shomhairle. Thug e a-mach ceum PhD aig Oilthigh Obar Dheathain ann an naoi ceud deug naochad 's a h-ochd le tràchdas air iomain, agus bho dhà mhìle 's a h-aon gu dà mhìle 's a h-ochd bha e ag obair aig Caledonian Mac a' Bhriuthainn.

An-diugh, bidh e fthatast ag aithris air iomain ann am Beurla agus Gàidhlig, agus air ball-coise agus rugbaidh cuideachd. Eadar dà mhìle 's a ceithir-deug is dà mhìle 's a h-ochd-deug, bha e aig stiùir pròiseact shònraichte "Gaisgich na Camanachd" a bha a' siubhal air feadh choimhearsnachdan iomain agus a' cuimhneachadh air an fheadhainn às na sgìrean sin a chaidh a mharbhadh sa Chogadh Mhòr o chionn ceud bliadhna.

Tro òraidean, ceòl agus dealbhan, thug am pròiseact ionmholta seo iomadh sgeulachd gu aire an t-sluaigh mu na h-euchdan agus na h-ìobairtean a rinn gillean on Ghàidhealtachd sa chogadh fhuitteach, oillteil sin.

# MISE:S1:3

## TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

### Measadh a trà

#### Pìobaire Òg Uibhist a Deas

Bha siud ann o chionn fhada ann an Uibhist a Deas seann duine aig an robh triùir mhac. An dithis bu shine bha iad glè mhath air pìobaireachd, ach am fear a b' òige cha robh esan cianail math idir.

Aig an àm seo bha Clann MhicCruimein ann an Dùn Bheagain nam pìobairean aig ceann-cinnidh nan Leòdach, agus chuala iadsan mu na gillean a bha seo ann an Uibhist. Smaoinich iad gun rachadh iad a-null a dh'Uibhist feuch an dèanadh iad a-mach cò a b' fheàrr air pìobaireachd, iad fhèin no na gillean aig a' bhodach. Nuair a ràinig iad Uibhist, cha robh na gillean a-staigh, agus dh'innse an athair do Chlann MhicCruimein nach biodh iad a' tilleadh dhachaigh gu ceann latha no dhà.

Thachair gun robh am fear a b' òige dhe na gillean aig an àm seo a-muigh a' buachailleachd air cnoc gorm aig astar fada on taigh aca. Chuala e an sin an ceòl bu bhinne agus bu bhrèagha a chual' e riamh agus smaoinich e sa mhionaid gur e sìthean a bha anns a' chnoc seo. Chun an dorais a ghabh e gun dàil, ach mus deach e a-steach, chuir e sgian anns an doras, oir bha fhios aige nan dèanadh e sin gum faigheadh e a-mach a-rithist, ach mura dèanadh gum biodh e a-staigh gu bràth tuilleadh.

Cho luath 's a chaith e a-steach dh'iarr e air a' bhodach bheag a bha a' seinn na pìoba am port ionnsachadh dha. Dh'iarr am bodach air a theanga a chur na bheul-san. Rinn esan sin agus sa mhionaid dh'ionnsaich e am port.

Nuair a ràinig am fear òg an taigh bha Clann MhicCruimein a-staigh roimhe agus dh'iarr iad air a phìob a chur suas feuch cò dhiubh a b' fheàrr, esan no iad fhèin. Thuirt am bodach riutha nach biodh sin gu math sam bith, nach robh dad a dh'fheum anns an fhear òg.

"Coma leat," thuirt iadsan, "feuchadh esan co-dhiù, biodh e math no dona."

Chuir an gille suas a phìob agus chluich e am port a dh'ionnsaich an sìthiche dha.

Nuair a chuala Clann MhicCruimein an ceòl àlainn, binn seo 's ann a thuirt iad: "Mas e sin am fear as miosa chan eil e gu feum sam bith dhuinne feuchainn ris an fheadhainn as fheàrr."

Agus cha do rinn iad ach tilleadh anns a' bhad air ais a Dhùn Bheagan.